

**Notaichean air an teamplaid aig Bòrd na Gàidhlig
airson cuideachadh le bhith ag ullachadh Plana Gàidhlig**

Chaidh an teamplaid seo a chruthachadh às dèidh do Bòrd na Gàidhlig iarrtasan fhaighinn bho ùghdarrasan poblach agus iad ag iarraidh stiùireadh a chuidicheadh iad ann a bhith ag ullachadh Phlanaichean Gàidhlig. Tha seo mar ghoireas a bharrachd a ghabhas cleachdadh còmhla ris an Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig aig a' Bhòrd.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' tuigsinn gum bi suidheachadh àraid aig gach ùghdarras poblach fa leth, agus tha sinn an dùil gum bi na diofar phlanaichean air an dealbh gus freagairt air na suidheachaidhean eadar-dhealaichte a bhios ann.

Ge-tà, tha am Bòrd ag iarraidh gum bi structar nam Planaichean Gàidhlig a rèir na thathar a' moladh san Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig agus thathar a' sùileachadh gun coimhead gach ùghdarras poblach air an t-suidheachadh aca fhèin agus gun comharraich iad na dòighean as èifeachdaiche agus as pragtaigiche san urrainn dhaibh na dleastanasan aca a choileanadh a rèir prionnsapalan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Bu chòir teacsa freagarrach a chur a-steach don teamplaid seo a rèir an t-suidheachaidh a th' aig gach ùghdarras poblach fa leth agus a tha dol a rèir na thathar a' moladh san Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Thathar a' moladh teacsa is bhriathran airson cuid de na h-earrainnean san teamplaid, ach faodaidh ùghdarrasan na paragrafan sin atharrachadh no ath-sgrìobhadh ma tha iad ga mheas iomchaidh.

Bu chòir don phlana a bhith air a sgrìobhadh ann an dòigh a nì cinnteach, nuair a leughas ball den phoball am plana, gum bi e furasta dhaibh a thuigsinn dè tha an t-ùghdarras poblach a' dèanamh airson na Gàidhlig an-dràsta agus dè tha iad a' gealltainn a dhèanamh rè ùine a' phlana a thathar ag ullachadh.

Ann am Plana Gàidhlig, bu chòir targaidean is cinn-latha shoilleir a bhith ann agus bu chòir dha a bhith soilleir cò ris a tha e an urra na targaidean a choileanadh, a' gabhail a-steach buidhnean 'fa leth' agus daoine is buidhnean eile nuair a tha sin freagarrach.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' moladh gum bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach an dreachd den Phlana Ghàidhlig aca ullachadh gu dà-chànanach agus gum bu chòir cothrom a thoirt don uiread as urrainnear den mhòr-shluagh, de bhuidhnean is comainn Ghàidhlig, agus de dh'ùghdarrasan poblach eile am plana fhaicinn, gu h-àraidh nuair a tha an co-chomhairleachadh foirmeil ga chumail.

An Duilleag-aghaidh

[Ainm an Ùghdarras Phoblaich agus an suaicheantas aca]

PLANA GÀIDHLIG

[Ùine a' phlana, me, 2019-23]

Bu chòir dhuibh an teacs a leanas a chur air duilleag-aghaidh a' phlana aontaichte: -

Chaidh am plana seo ullachadh fo Earrainn 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chuir Bòrd na Gàidhlig aonta ris air [\[ceann-latha an aonta\]](#)

Bu chòir dhuibh suaicheantas Bhòrd na Gàidhlig a chur air duilleag-aghaidh plana aontaichte a-mhàin, agus chan ann air dreachd sam bith de phlana.

Facal-toisich

Tha Bòrd na Gàidhlig a' moladh gum bu chòir seo a bhith air a sgrìobhadh leis an Oifigear Chunntachail agus / no cathraiche an ùghdarras phoblaich agaibh le iomradh soilleir air mar a tha a' bhuidheann agaibh air cur roimhe taic a thoirt do dh'Achd 2005, agus bu chòir innse gur e plana corporra a th' ann a tha mar phàirt de dhleastanasan corporra na buidhne agaibh.

Bu chòir dhuibh am facal-toisich a chleachdadh gus prìomh phrionnsapalan a' phlana a chur an cèill, mar eisimpleir:-

- Spèis Cho-ionann
- Cothroman Follaiseach
- Na cinn-uidhe a th' aig an ùghdarras phoblach agaibh san ùine fhada airson na Gàidhlig
- Geallaidhean ro-innleachdail ùra sa phlana agus a tha a' toirt taic don Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23

Clàr-innse

Thathar a' moladh gum bi clàr-innse anns gach plana le àireamhan nan duilleagan feuch am bi e nas fhasa don neach-leughaidh nithean a lorg sa phlana.

1. RO-RÀDH

FIOSRACHADH MU DHEIDHINN [AINM AN ÙGHDARRAIS PHOBLAICH]

Thathar a' moladh gum bi geàrr-chunntas air na leanas san earrainn seo:-

- Dleastanasan reachdail, obair is prìomhachasan an ùghdarras phoblaich
- Structar na buidhne
- An àireamh iomlan de luchd-obrach agus am buidseat aig an ùghdarras phoblach
- Far a bheil na h-oifisean aig an ùghdarras

GÀIDHLIG AN LÙIB OBAIR [AINM AN ÙGHDARRAIS PHOBLAICH]

'S e a tha fa-near leis an earrainn seo, sealladh farsaing a thoirt don neach-leughaidh air na tha an t-ùghdarras poblach a' dèanamh an-dràsta a thaobh na Gàidhlig. Bidh am fiosrachadh san earrainn seo eadar-dhealaichte a rèir dè na dleastanasan a th' air an ùghdarras phoblach agus / no dè an sgìre no na sgìrean ris a bheil an obair aca a' buntainn.

A' GHÀIDHLIG ANN AN ALBA

Thathar a' moladh san earrainn seo gun toirear seachad sealladh farsaing air a' Ghàidhlig ann an Alba san latha an-diugh, a thaobh na h-àireimh iomlan de luchd-labhairt agus na sgìrean far a bheil an luchd-labhairt sin a' fuireach.

Ann an co-bhuinn ri ar luchd-compàirt aig Ainmean-Àite na h-Alba, tha Bòrd na Gàidhlig air mapa de dh'ainmean-àite Gàidhlig bho air feadh Alba a chruthachadh, a tha a' sealltainn mar a sgaoil an cànan gu fad is farsaing air feadh na dùthcha. Gheibhear e an seo: <https://www.ainmean-aite.scot/download/>

ACHD NA GÀIDHLIG (ALBA) 2005

Thathar a' moladh an teacsa a leanas a chleachdadh: -

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba le sùil gus inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba a tha a' faighinn spèis a tha co-ionann ris an spèis a th' ann don Bheurla.

'S e aon de na h-earrainnean as cudromaiche de Achd 2005, an cumha a tha a' toirt ùghdarras do Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig ullachadh. Chaidh an cumha sin a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach gun cuidicheadh an roinn phoblach ann an Alba gus a bhith gleidheadh na Gàidhlig san àm ri teachd agus iad a' cur ri inbhe is ìomhaigh a' chànan agus a' cruthachadh chothroman pragtaigeach gus an cànan a chleachdadh.

Chaidh an sgrìobhainn seo, Plana Gàidhlig [Ainm an Ùghdarras Phoblaich], ullachadh a rèir frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig nar n-obair, mar a bheir sinn cothrom do dhaoine air Gàidhlig a chleachdadh nuair a tha sinn a' conaltradh ris a' phoball agus ri prìomh luchd-compàirt, agus mar a tha sinn a' dol a bhrosnachadh agus a' dol a thoirt na Gàidhlig air adhart.

Chaidh Plana Gàidhlig [Ainm an Ùghdarras Phoblaich] ullachadh a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, agus thugadh fa-near don Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig agus don Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

AM PLANA CÀNAIN NÀISEANTA GÀIDHLIG

San earrainn seo, bu chòir ceangal soilleir a dhèanamh eadar Plana Gàidhlig an ùghdarras phoblaich agus am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23. Thathar a' moladh an teacsa a leanas a chleachdadh:-

Tha [Ainm an Ùghdarras Phoblaich] a' toirt taic don amas sa Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig airson 2018-23 "gun tèid Gàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean."

Tha sinn air cur romhainn an t-amas sin a choileanadh tro bhith a' cur cuideam gu h-àraidh air na trì cinn-uidhe a leanas nar n-obair:-

- *A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh ar buidhne agus a' brosnachadh barrachd dhaoine gu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig, agus gu bhith ga cleachdadh nas trice, nuair a tha iad a' dèiligeadh no a' conaltradh rinn*
- *A' toirt fàs air na cothroman a th' ann do dhaoine Gàidhlig ionnsachadh mar phàirt den obair làitheil againn*
- *A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig nuair as urrainn dhuinn mar phàirt de dh'obair làitheil na buidhne*

SGRÙDADH AIR COMASAN GÀIDHLIG AN LUCHD-OBACH

Tha e glè chudromach le Plana Gàidhlig gum bi tuigse aig an ùghdarras phoblach air na sgilean Gàidhlig a th' aig an luchd-obrach aca.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' moladh gun dèan ùghdarrasan poblach sgrùdadh air comasan Gàidhlig an luchd-obrach aca mar phàirt den obair a nì iad gus am Plana Gàidhlig aca ullachadh, gus an gabh ceangal a dhèanamh eadar na geallaidhean sa phlana agus na sgilean a th' aig daoine a-cheana, agus gus an urrainnear a chomharrachadh nuair a dh'fheumar luchd-obrach a bharrachd fhastadh agus / no nuair a tha trèanadh a dhìth.

San earrainn seo, bu chòir geàrr-chunntas a thoirt air prìomh thoraidhean an sgrùdaidh air comasan Gàidhlig an luchd-obrach, le fiosrachadh iomlan ri fhaotainn ann an Eàrr-ràdh 1 airson a' phlana.

Bu chòir don ùghdarras gealladh a thoirt seachad sa phlana gun cùm iad fiosrachadh gu cunbhalach air na rudan gu h-àrd. Mura h-eil e aca, bu chòir don ùghdarras cur romhpa am fiosrachadh fhaighinn aig ìre thràth ann an ùine a' phlana agus am fiosrachadh sin fhoillseachadh.

CO-CHOMHAIRLEACHADH AIR AN DREACHD DEN PHLANA GHÀIDHLIG

Fo Achd 2005 feumaidh ùghdarrasan poblach co-chomhairleachadh a chumail mun dreachd den Phlana Gàidhlig aca mus cuir iad a-steach e gu Bòrd na Gàidhlig.

San earrainn seo den phlana, bu chòir geàrr-chunntas a bhith ann air prìomh thoraidhean a' cho-chomhairleachaidh phoblaich, le fiosrachadh iomlan ri fhaotainn ann an Eàrr-ràdh 2 airson a' phlana.

2. PRÌOMH PHRIONNSAPALAN

Thathar a' moladh san earrainn seo den phlana gum bi mìneachadh ann air mar a tha an t-ùghdarras poblach air cur romhpa taic a thoirt do na prìomh phrionnsapalan seo, a thèid a chur an sàs air feadh a' phlana agus air feadh obair an ùghdarrais phoblaich. Bidh luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig ro thoilichte ur cuideachadh le bhith a' sgrìobhadh na h-earrainn seo.

SPÈIS CHO-IONANN

Thathar a' moladh an teacsa a leanas a chleachdadh: -

Fo chumhachan na h-Achd 2005, bidh Bòrd na Gàidhlig ag obair le sùil gus inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba a tha a' faighinn spèis a tha co-ionann ris an spèis a th' ann don Bheurla agus leis an sin tha am Bòrd a' sùileachadh gun seall ùghdarrasan poblach sna planaichean aca ciamar a thèid am prionnsapal sin a choileanadh agus a chumail suas.

Nì [Ainm an Ùghdarrais Phoblaich] cinnteach, nuair a tha Gàidhlig mar phàirt den obair is na seirbheisean againn, gum bi an obair is na seirbheisean sin a cheart cho math agus aig an aon ìre ris an fheadhainn a gheibhear sa Bheurla.

COTHROMAN FOLLAISEACH

Thathar a' moladh an teacsa a leanas a chleachdadh: -

Bheir [Ainm an Ùghdarrais Phoblaich] cothroman follaiseach air ar seirbheisean Gàidhlig do ar luchd-obrach agus don mhòr-shluagh. Le sin, nithear cinnteach, nuair a tha sinn a' tabhann sheirbheisean Gàidhlig, gum bithear a' dèanamh sanasachd orra am measg luchd-cleachdaidh na Gàidhlig, agus gun tèid am brosnachadh gu bhith gan cleachdadh.

Le bhith a' dèanamh sin, cha bhi e mar uallach air an neach fhèin an t-seirbheis Ghàidhlig iarraidh agus bidh misneachd aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig gun tèid frithealadh air na feumalachdan aca ma iad airson an t-seirbheis a chleachdadh.

Nì sinn cinnteach gu bheil ar seirbheisean Gàidhlig a cheart cho ruigsinneach 's a tha ar seirbheisean Beurla.

A' DÈANAMH GÀIDHLIG NA PÀIRT ÀBHAISTEACH DE DH'OB AIR AN ÙGHDARRAIS

'S e prìomh amas a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23, gun tèid Gàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean. Gus an t-amas sin a choileanadh, tha e deatamach gun tèid Gàidhlig a dhèanamh na pàirt àbhaisteach de bheatha làitheil muinntir na h-Alba agus tha àite glè chudromach aig ùghdarrasan poblach ann a bhith a' toirt sin gu buil.

Thathar a' moladh an teacsa a leanas a chleachdadh: -

Nì [Ainm an Ùghdarras Phoblaich] cinnteach gum bi na cothroman don mhòr-shluagh agus do ar luchd-obrach airson Gàidhlig a chleachdadh air am fighe a-steach do ar n-obair mar nì àbhaisteach, agus sinn a' toirt taic don amas sa Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23, gun tèid Gàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean.

3. GEALLAIDHEAN A' PHLANA

AMASAN ÀRD-ÌRE

Gus ùghdarrasan poblach a chuideachadh le bhith dealbh nam Planaichean Gàidhlig aca, obraichidh am Bòrd còmhla riutha gus taghadh de dh'Amasan Àrd-ìre ullachadh, agus thèid iad sin a thoirt seachad an cois an fhios-phlana fhoirmeil, aon uair 's gun cuir am Ministear le uallach airson na Gàidhlig aonta riutha.

'S e a th' anns na h-Amasan Àrd-ìre, àireamh bheag de ghnìomhan ro-innleachdail a tha dlùth cheangailte ris a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23. Mar sin, bidh iad a' buntainn ris na trì prìomh raointean a gheibhear sa Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig:-

- A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig
- A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig
- A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

Nuair a thathar a' dèanamh measadh foirmeil air dreachd de phlana, bidh na geallaidhean a rinn an t-ùghdarras poblach mu choinneamh a bhith a' coileanadh nan Amasan Àrd-ìre aontaichte nam pàirt cudromach den mheasadh sin, agus bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach an dlùth aire a thoirt don earrainn seo nuair a tha iad ag ullachadh a' phlana aca.

Thathar an dùil gum bi an earrainn seo coltach ri seo, le mu eadar 1 gu 3 amasan fo gach fear de na trì cinn gu h-ìosal:-

A' TOIRT FÀS AIR CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

Amas Àrd-ìre	
A' bhuil air a bheilear ag amas	
Na tha a' tachairt an-dràsta	
Na gnìomhan a tha dhìth	
Ceann-latha Coileanaidh	
An urra ri	

A' TOIRT FÀS AIR IONNSACHADH NA GÀIDHLIG

Amas Àrd-ìre	
A' bhuil air a bheilear ag amas	
Na tha a' tachairt an-dràsta	

Na gnìomhan a tha dhìth	
Ceann-latha Coileanaidh	
An urra ri	

A' CUR DEAGH ÌOMHAIGH AIR ADHART AIRSON NA GÀIDHLIG

Amas Àrd-ìre	
A' bhuil air a bheilear ag amas	
Na tha a' tachairt an- dràsta	
Na gnìomhan a tha dhìth	
Ceann-latha Coileanaidh	
An urra ri	

AMASAN AIRSON SEIRBHEISEAN CORPORRA

A thuilleadh air na h-Amasan Àrd-ìre, tha Bòrd na Gàidhlig air cruinneachadh de dh'Amasan coitcheann a stèidheachadh airson Seirbheisean Corporra a thèid a thoirt seachad an cois an fhios-phlana fhoirmeil.

Tha na h-Amasan airson Seirbheisean Corporra stèidhichte air na sinn air ionnsachadh gu ruige seo bho Phlanaichean Gàidhlig aontaichte, agus tha e na amas dhuinn gum bi cuid a sheirbheisean Gàidhlig cudromach rim faotainn gu cunbhalach air feadh na roinne poblaiiche. Tha sinn a' tuigsinn glè mhath gum bi diofar ùghdarrasan poblach aig diofar ìrean a thaobh mar as urrainn dhaibh na h-Amasan seo airson Seirbheisean Corporra a libhrigeadh, ach bu chòir dhaibh uile a bhith ag obair a dh'ionnsaigh nan amasan coitcheann seo.

Thathar a' sùileachadh gum bi a h-uile ùghdarras poblach a' toirt iomradh air na h-Amasan seo uile airson Seirbheisean Corporra sa phlana aca, agus iad a' mìneachadh na tha tachairt an-dràsta a thaobh gach amas, dè na gnìomhan a tha dhìth gus gach amas a choileanadh, dè an clàr-ama a th' ann agus dè an sgioba ris am bi e an urra na gnìomhan a thoirt gu buil.

Nuair a thathar air amas a choileanadh agus gu bheilear ga libhrigeadh, bu chòir don phlana sin a ràdh fo "na tha tachairt an-dràsta".

Nuair nach deach amas a choileanadh, bu chòir don phlana innse ciamar agus cuin a thèid a choileanadh, fiù 's ged a bhios sin às dèidh ùine a' phlana a th' ann an-dràsta agus / no e mar phàirt de phròiseas gus am plana ùrachadh san ùine ri thighinn.

Bu chòir eagrain eile de Phlanaichean Gàidhlig a bhith a' sealltainn adhartas ceum air cheum le bhith a' coileanadh nan Amasan airson Seirbheisean Corporra.

Bidh adhartas le bhith a' coileanadh nan Amasan airson Seirbheisean Corporra air a mheas glè chudromach nuair a bhios am Bòrd a' dèanamh Sgrùdadh Bliadhnail air gach ùghdarras poblach.

Bu chòir don earrainn seo a bhith coltach ri seo: -

INBHE

A' bhuil air a bheilear ag amas	An suaicheantas is ìomhaigheachd Thèid an suaicheantas is ìomhaigheachd chorporra a dhealbh ann an Gàidhlig agus Beurla a' chiad chothrom a gheibhear agus mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith a bhios
---------------------------------	---

	ann. Bu chòir an aon ìre follaiseachd a bhith ann airson an dà chànain san t-suaicheantas.
Na tha a' tachairt an-dràsta	
Na gnìomhan a tha dhìth	
Ceann-latha Coileanaidh	
An urra ri	

A' bhuil air a bheilear ag amas	Soidhnichean Thèid Gàidhlig agus Beurla a chleachdadh air soidhnichean follaiseach mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith.
Na tha a' tachairt an-dràsta	
Na gnìomhan a tha dhìth	
Ceann-latha Coileanaidh	
An urra ri	

A' CONALTRADH RIS A' MHÒR-SHLUAGH

A' bhuil air a bheilear ag amas	Adhartachadh A' toirt teachdaireachd bhrosnachail seachad gum bithear daonnan a' cur fàilte air conaltradh a nì am mòr-shluagh ris an ùghdarras ann an Gàidhlig.
Na tha a' tachairt an-dràsta	
Na gnìomhan a tha dhìth	
Ceann-latha Coileanaidh	
An urra ri	

A' bhuil air a bheilear ag amas	Conaltradh Sgrìobhte Bithear daonnan a' gabhail ri conaltradh sgrìobhte ann an Gàidhlig (litricean, puist-d agus na meadhanan sòisealta) agus thèid freagairtean Gàidhlig a thoirt seachad a rèir a' phoileasaidh choitcheinn.
Na tha a' tachairt an-dràsta	
Na gnìomhan a tha dhìth	
Ceann-latha Coileanaidh	
An urra ri	

A' bhuil air a bheilear ag amas	Ionadan-fàilte is am fòn Nuair as urrainn do luchd-obrach le Gàidhlig an t-seirbheis
---------------------------------	--

	seo a thoirt seachad, gheibh iad taic airson sin a dhèanamh, agus thèid sanasachd a dhèanamh air an t-seirbheis am measg a' mhòr-shluaigh.
Na tha a' tachairt an-dràsta	
Na gnìomhan a tha dhìth	
Ceann-latha Coileanaidh	
An urra ri	

A' bhuil air a bheilear ag amas	Coinneamhan Poblach Thèid coimhead gu cunbhalach air na cothroman a th' ann agus coinneamhan poblach a chumail gu dà-chànanach no ann an Gàidhlig, agus thèid sanasachd a dhèanamh orra.
Na tha a' tachairt an-dràsta	
Na gnìomhan a tha dhìth	
Ceann-latha Coileanaidh	
An urra ri	

FIOSRACHADH

A' bhuil air a bheilear ag amas	Brathan-naidheachd Thèid brathan-naidheachd air naidheachdan mòra agus a h-uile brath-naidheachd air cùis co-cheangailte ris a' Ghàidhlig a sgaoileadh ann an Gàidhlig agus Beurla.
Na tha a' tachairt an-dràsta	
Na gnìomhan a tha dhìth	
Ceann-latha Coileanaidh	
An urra ri	

A' bhuil air a bheilear ag amas	Na Meadhanan Sòisealta Thèid susbaint Ghàidhlig a sgaoileadh gu cunbhalach sna meadhanan sòisealta, agus sin a rèir an uiread luchd-cleachdaidh Gàidhlig a th' ann agus a dh'fhaodadh a bhith ann.
Na tha a' tachairt an-dràsta	
Na gnìomhan a tha dhìth	
Ceann-latha Coileanaidh	
An urra ri	

A' bhuil air a bheilear ag amas	An Làrach-lìn Bu chòir susbaint Ghàidhlig a bhith ri factainn air làrach-lìn an ùghdarras phoblaich, agus prìomhachas ga thoirt do na duilleagan a dh'fhaodadh an àireamh as motha de dhaoine a tharraing.
Na tha a' tachairt an- dràsta	
Na gnìomhan a tha dhìth	
Ceann-latha Coileanaidh	
An urra ri	

A' bhuil air a bheilear ag amas	Stuthan Foillsichte Corporra Thèid an ullachadh ann an Gàidhlig is Beurla, agus prìomhachas ga thoirt don fheadhainn a dh'fhaodadh an àireamh as motha de dhaoine a leughadh.
Na tha a' tachairt an- dràsta	
Na gnìomhan a tha dhìth	
Ceann-latha Coileanaidh	
An urra ri	

A' bhuil air a bheilear ag amas	Tairbhe a' Chànain Bidh pròiseas ann gus dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig a gheibhear san fhiosrachadh chorporra uile aig deagh ìre agus gun gabh a tuigsinn.
Na tha a' tachairt an- dràsta	
Na gnìomhan a tha dhìth	
Ceann-latha Coileanaidh	
An urra ri	

A' bhuil air a bheilear ag amas	Taisbeanaidhean Bu chòir beachdachadh gu cunbhalach air cothroman gus taisbeanaidhean poblach a shealltainn gu dà-chànanach no ann an Gàidhlig, le prìomhachas ga thoirt don fheadhainn a dh'fhaodadh a' bhuaidh as motha a thoirt air cùisean.
Na tha a' tachairt an- dràsta	
Na gnìomhan a tha dhìth	
Ceann-latha Coileanaidh	
An urra ri	

LUCHD-OBACH

A' bhuil air a bheilear ag amas	Sgrùdadh air Sgilean Thèid sgrùdadh a dhèanamh air sgilean Gàidhlig an luchd-obrach agus na feumalachdan trèanaidh aca a thaobh Gàidhlig rè ùine gach plana.
Na tha a' tachairt an-dràsta	
Na gnìomhan a tha dhìth	
Ceann-latha Coileanaidh	
An urra ri	

A' bhuil air a bheilear ag amas	Fiosrachadh Inntigidh Bidh fiosrachadh mu Phlana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich mar phàirt den fhiosrachadh inntigidh a gheibh luchd-obrach ùr.
Na tha a' tachairt an-dràsta	
Na gnìomhan a tha dhìth	
Ceann-latha Coileanaidh	
An urra ri	

A' bhuil air a bheilear ag amas	Trèanadh Cànan Thèid cothroman trèanaidh is leasachaidh airson sgilean Gàidhlig a thabhann don luchd-obrach, gu h-àraidh mar thaic do bhith a' coileanadh Plana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich.
Na tha a' tachairt an-dràsta	
Na gnìomhan a tha dhìth	
Ceann-latha Coileanaidh	
An urra ri	

A' bhuil air a bheilear ag amas	Trèanadh le fiosrachadh mun Ghàidhlig Trèanadh le fiosrachadh mun Ghàidhlig, le prìomhachas air stiùirichean, buill bùird, comhairlichean agus luchd-obrach air a bheil dleastanas a bhith a' conaltradh leis a' mhòr-shluaigh.
Na tha a' tachairt an-dràsta	
Na gnìomhan a tha dhìth	
Ceann-latha Coileanaidh	

An urra ri	
A' bhuil air a bheilear ag amas	Fastadh A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sgilean Gàidhlig an lùib nam pròiseasan fastaidh air feadh an ùghdarras phoblaich.
Na tha a' tachairt an-dràsta	
Na gnìomhan a tha dhìth	
Ceann-latha Coileanaidh	
An urra ri	

A' bhuil air a bheilear ag amas	Fastadh Bidh Gàidhlig air a h-ainmeachadh mar sgil riatanach agus / no a tha na buannachd ann an tuairisgeulan obrach gus cuideachadh le bhith a' cur a' Phlana Ghàidhlig an gnìomh agus a rèir an stiùiridh bho Bhòrd na Gàidhlig airson luchd-obrach fhadth.
Na tha a' tachairt an-dràsta	
Na gnìomhan a tha dhìth	
Ceann-latha Coileanaidh	
An urra ri	

A' bhuil air a bheilear ag amas	Fastadh Bidh sanasan-obrach dà-chànanach ann no ann an Gàidhlig a-mhàin airson a h-uile dreuchd far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach.
Na tha a' tachairt an-dràsta	
Na gnìomhan a tha dhìth	
Ceann-latha Coileanaidh	
An urra ri	

CORPAS NA GÀIDHLIG

A' bhuil air a bheilear ag amas	Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig Thèid cumail ris an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig anns na stuthan sgrìobhaidh uile a thèid fhoillseachadh leis an ùghdarras phoblach.
Na tha a' tachairt an-	

dràsta	
Na gnìomhan a tha dhìth	
Ceann-latha Coileanaidh	
An urra ri	

A' bhuil air a bheilear ag amas	Ainmean-àite Iarrar agus gabhar ri comhairle bho Ainmean-Àite na h-Alba air ainmean-àite Gàidhlig.
Na tha a' tachairt an- dràsta	
Na gnìomhan a tha dhìth	
Ceann-latha Coileanaidh	
An urra ri	

5. CEANGAL RIS AN FHRÈAM CHOILEANAIDH NÀISEANTA

Thathar a’ moladh earrainn a chur ann le fiosrachadh air na dòighean san cuidich na geallaidhean sa Phlana Ghàidhlig le bhith a’ dèanamh adhartas leis na prìomhachasan san Fhrèam Choileanaidh Nàiseanta.

Gheibhear làn fhiosrachadh mun Fhrèam Choileanaidh Nàiseanta an seo <https://nationalperformance.gov.scot/>

6. CEANGAL RI FRÈAMAICHEAN IONADAIL IS ROINNEIL

Thathar a’ moladh earrainn a chur ann le fiosrachadh air mar a tha ceangal ann eadar am Plana Gàidhlig agus frèamaichean ionadail is roinneil eile, leithid Chom-pàirteachasan Planaidh Coimhearsnachd, Aontaidhean Singilte airson Bhuilean, Caidreachasan Leasachaidh Roinneil agus Planaichean Taice Roinneil airson Sgilean.

Bu chòir sealltainn san earrainn seo mar a bhios na ceanglaichean seo gu buannachd a’ Phlana Ghàidhlig agus nam frèamaichean eile.

7. A' FOILLSEACHADH A' PHLANA

A' FOILLSEACHADH IS A' TOIRT A' PHLANA AM FOLLAIS

Bu chòir sealltainn san earrainn seo mar a tha an t-ùghdarras poblach a' dol a dh'fhoillseachadh a' Phlana Ghàidhlig aca agus mar a tha iad a' dol a dh'inne do luchd-ùidhe taobh a-staigh agus taobh a-muigh an ùghdarrais mu dheidhinn. Thathar a' moladh nan dòighean a leanas:-

TAOBH A-STAIGH AN ÙGHDARRAIS

Bu chòir innse an seo mu mar a tha an t-ùghdarras poblach a' dol a dh'inne don luchd-obrach aca agus do luchd-ùidhe eile taobh a-staigh na buidhne aig gach ìre mun Phlana Ghàidhlig, mu na dleastanasan a th' aig daoine a thaobh coileanadh a' phlana agus mu na cothroman a th' ann dhaibh gus a' Ghàidhlig aca a chleachdadh agus / no na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh.

TAOBH A-MUIGH AN ÙGHDARRAIS

Thathar a' moladh an teacsa a leanas a chleachdadh: -

Thèid Plana Gàidhlig [Ainm an Ùghdarrais Phoblaich] fhoillseachadh ann an Gàidhlig is Beurla air an làrach-lìn againn. Cuideachd, nì sinn na leanas:

- *sgaoilidh sinn brath-naidheachd dà-chànanach le fios mun phlana*
- *sgaoilidh sinn fios mun phlana tro dhiofar mheadhanan sòisealta*
- *cuiridh sinn lethbhric gu buidhnean 'fa leth' agus buidhnean eile, agus sinn a' mìneachadh dè bhios iadsan a' dèanamh gus cuideachadh le bhith a' coileanadh a' phlana*
- *cuiridh sinn lethbhric den phlana gu prìomh luchd-ùidhe sna roinnean poblach is prìobhaideach agus san treas roinn*
- *cuiridh sinn lethbhric den phlana gu buidhnean Gàidhlig iomchaidh agus buidhnean eile aig a bheil ùidh sa chùis*
- *bheir sinn seachad lethbhric den phlana air pàipear ma thèid sin iarraidh*

8. MAR A THÈID AM PLANA A MHAOINEACHADH

Thathar a' moladh gun seall an t-ùghdarras poblach mar a thèid na gnìomhan sa Phlana Ghàidhlig a mhaoineachadh.

Ged a thathar an dùil gun tèid a' mhòr-chuid de chosgaisean a dhèanamh mar phàirt àbhaisteach de bhuidseatan a th' ann a-cheana agus / no fhisge a-steach do phròiseasan ùrachaidh a bhios a' leantainn, bhiodh e feumail sin a dhèanamh follaiseach agus innse gu soilleir mu chosgaisean a bharrachd a bhios ann agus mu mar a thèid pàigheadh air an son.

9. A' SGRÙDADH COILEANADH A' PHLANA

Tha e mar riatanas fo Achd na Gàidhlig (Alba) gun tèid sgrùdadh leantainneach a dhèanamh air mar a thèid Planaichean Gàidhlig aontaichte a choileanadh, agus iarraidh Bòrd na Gàidhlig air a h-uile ùghdarras poblach aithisg sgrùdaidh a thoirt seachad gach bliadhna, a' tòiseachadh 12 mìos às dèidh a' chinn-latha air an deach aonta a chur ris a' phlana agus gach bliadhna às dèidh sin.

Thathar a' moladh gun toir an t-ùghdarras poblach gealladh seachad sa Phlana Ghàidhlig gun ullaich iad aithisg sgrùdaidh gach bliadhna a gheibh Bòrd na Gàidhlig agus a thèid fhoillseachadh gu poblach.

10. AM PLANA GÀIDHLIG TAOBH A-STAIGH AN ÙGHARRAIS PHOBLAICH

UALLACH IOMLAN AIRSON A' PHLANA

Thathar a' moladh gum mìnichear gu soilleir sa phlana cò air a tha an t-uallach iomlan airson a' phlana. Seach gun toir am plana buaidh air feadh na buidhne, thathar a' moladh gun tèid an t-uallach iomlan airson a' phlana a bhuileachadh air an oifigear chunntachail no neach-dreuchd eile a tha nam ball den sgioba stiùiridh as urrainn dèanamh cinnteach gun tèid am plana a choileanadh aig ìre chorporra. Thathar a' moladh an teacsa a leanas a chleachdadh:-

Tha an t-uallach iomlan airson mar a thèid Plana Gàidhlig [Ainm an Ùghdarrais Phoblaich] ullachadh, a lìbhrigeadh agus a sgrùdadh air [ainm dreuchd a' Phrìomh Oifigeir]. 'S urrainn dhuibh fios a chur thuca tro na dòighean a leanas:-

AINM

DREUCHD

ROINN

AINM NA BUIDHNE

SEÒLADH

ÀIREAMH-FÒN

SEÒLADH PUIST-D

UALLACH AIRSON MAR A THÈID AM PLANA A CHOILEANADH BHO LATHA GU LATHA

Thathar a' tuigsinn nach bi e daonnan comasach don neach le uallach iomlan airson a' phlana a bhith a' dèiligeadh ris mar a thèid am plana a chur an gnìomh bho latha gu latha. Mar sin, thathar a' moladh gum mìnichear gu soilleir sa phlana cò air a bhios an t-uallach airson a' phlana agus coileanadh a' phlana bho latha gu latha. Thathar a' moladh an teacsa a leanas a chleachdadh:-

Tha e an urra ri [ainm dreuchd an Oifigeir] dèanamh cinnteach bho latha gu latha gun tèid Plana Gàidhlig [Ainm an Ùghdarrais Phoblaich] a choileanadh is a sgrùdadh. Bu chòir dhuibh ceistean mu lìbhrigeadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

AINM

DREUCHD

*ROINN
AINM NA BUIDHNE
SEÒLADH*

*ÀIREAMH-FÒN
SEÒLADH PUIST-D*

BUIDHEANN AIRSON COILEANADH IS SGRÙDADH A' PHLANA GHÀIDHLIG

Airson dèanamh cinnteach gun tèid am Plana Gàidhlig a chur an sàs air feadh structar corporra an ùghdarras phoblaich, tha Bòrd na Gàidhlig a' moladh buidheann airson coileanadh is sgrùdadh a' Phlana Ghàidhlig a chur air chois, le luchd-obrach bho air feadh an ùghdarras phoblaich air a bheil uallach airson a bhith a' dealbh, a' coileanadh agus a' sgrùdadh diofar phàirtean den phlana.

Bu chòir mìneachadh a bhith san earrainn seo air raon-ùghdarras na buidhne-obrach seo, dè na roinnean corporra a bhios air an riochdachadh agus dè cho tric 's a bhios a' bhuidheann a' coinneachadh.

A' CONALTRADH RIS AN LUCHD-OBRACH

Bu chòir cunntas goirid a bhith san earrainn seo air mar a bhios an t-ùghdarras poblach a' conaltradh ris an luchd-obrach mun phlana, gu h-àraidh a thaobh nan dleastanasan a bhios orra a thaobh mar a thèid am plana a choileanadh is a sgrùdadh.

BUIDHNEAN 'FA LETH' AGUS BUIDHNEAN IS DAOINE EILE

Thathar a' moladh gum mìnichear sa phlana mar a nì an t-ùghdarras poblach cinnteach gum bi fios aig an fheadhainn a tha a' toirt seachad seirbheisean/bathar às an leth (me, cunnradairean, buidhnean 'fa leth' agus buidhnean is daoine eile) mun Phlana agus gum mìnichear mar a chuidicheas iad gus geallaidhean Plana Gàidhlig an ùghdarras phoblaich a libhrigeadh.

EÀRR-RÀDH 1 - SGRÙDADH AIR COMASAN GÀIDHLIG AN LUCHD-OBACH

'S e aon de na prìomh ghnìomhan riatanach a dh'fheumar a choileanadh nuair a thathar a' gabhail Plana Gàidhlig os làimh, sgrùdadh iomlan a dhèanamh air comasan Gàidhlig an luchd-obrach agaibh agus an sgrùdadh sin air a chumail a rèir geallaidhean a' phlana. Tha Bòrd na Gàidhlig a' moladh gum bu chòir sin a dhèanamh mar phàirt de bhith ag ullachadh a' phlana.

Ged a bu chòir dhuibh geàrr-chunntas air toraidhean an sgrùdaidh a thoirt seachad ann an Ro-ràdh a' phlana, bu chòir fiosrachadh nas mionaidiche a thoirt seachad ann an Eàrr-ràdh 1.

Bu chòir dhuibh, san sgrùdadh air comasan Gàidhlig an luchd-obrach, beachdachadh air na nithean a leanas:-

- An àireamh luchd-obrach as urrainn Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh, a sgrìobhadh no a thuigsinn agus ìre nan sgilean cànan aca.
- An àireamh luchd-obrach a tha a' dèanamh trèanadh ann an sgilean Gàidhlig (san ùine aca fhèin no san àite-obrach) agus an àireamh luchd-obrach aig a bheil ùidh san leithid a thrèanadh.
- Na roinnean agus/no àiteachan sa bhuidhinn agaibh far a bheil an fheadhainn a chaidh a chomharrachadh ag obair.
- An àireamh dhreuchdan a tha air an comharrachadh mu thràth mar dhreuchdan dha bheil Gàidhlig na sgil riatanach no na buannachd.
- Na seirbheisean no pròiseasan taobh a-staigh na buidhne a tha air an lìbhrigeadh tron Ghàidhlig mu thràth.

EÀRR-RÀDH 2 – CO-CHOMHAIRLEACHADH POBLACH

Tha e mar riatanas fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 gum feum ùghdarrasan poblach beachdan a shireadh bho dhaoine a tha e coltach aig am biodh ùidh sa chùis.

Thathar a' gabhail ris gum bi modhan-obrach fa leth aig gach ùghdarras poblach gus co-chomhairleachadh poblach a chumail, ach bu chòir dhuibh cumail ris an stiùireadh aig Bòrd na Gàidhlig air deasachadh phlanaichean Gàidhlig gus am bi am Bòrd riarachta gu bheilear a' cumail ri cumhachan na h-Achd 2005.

Ged a bu chòir dhuibh geàrr-chunntas air toraidhean a' cho-chomhairleachaidh phoblaich a thoirt seachad ann an Ro-ràdh a' phlana, bu chòir fiosrachadh nas mionaidiche a thoirt seachad ann an Eàrr-ràdh 2.

Bidh sgioba phlanaichean a' Bhùird ro thoilichte comhairle a thoirt seachad air mar a chumas sibh co-chomhairleachadh èifeachdach mar phàirt de bhith ag ullachadh Plana Gàidhlig.